

Na brògan

 
seunta



An teacsa Susan Akass
Na dealbhan Jan Nesbitt
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Cha robh am Prionnsa Ivan idir toilichte.
Bha mòran dhèideagan aige
ach cha robh e airson cluich leotha.
“Dè nì mi an-diugh?” thuirt e.



Chaidh am Prionnsa Ivan far an robh
a' bhànrigh.

“An cluich sibh còmhla rium?” dh’fhaighnich e.

“Cha chluich an-dràsta,” thuirt a’ bhànrigh.

“Cuir ort do bhrògan agus fhalbh a-mach a chluich.


Feuch gum bi thu ciallach!”



Chaidh am Prionnsa Ivan dhan phreas a dh'iarradh a bhrògan. Bha mòran bhrògan sa phreas, brògan dearga, brògan gorma, brògan uaine agus brògan buidhe.

Choimhead Ivan ri na brògan.

“Chan urrainn dhomh cluich agus brògan mar seo orm!” thuirt e.



An uair sin thug e an aire dha bogsa dubh.
Bha sgrìobhadh air a' bhogsa,
'Na fosgail'.

"Saoil dè tha seo," ars am Prionnsa Ivan
agus dh'fhosgail e am bogsa.

An sin sa bhogsa bha brògan annasach.

"Seo a-nis brògan sgoinneil!" thuirt e,
agus chuir e air iad.





Thòisich am Prionnsa Ivan a' leum.
Suas agus sìos leum e, air feadh an rum.
'S e brògan seunta a bha seo.

“Ipi!” dh’èigh am
Prionnsa Ivan, agus
siud leum e a-mach air
an uinneig agus suas
gu mullach
a’ chaisteil.



Ach thog na brògan e thairis air balla a’ chaisteil.
“Cuidich mi!” dh’èigh e.
“Stadaibh a bhrògan!”





Ach cha stadadh na brògan.
Leum am Prionnsa Ivan thairis air ballachan.
Leum e thairis air taighean.
Agus leum e a-steach dhan pholl.



Bha am Prionnsa Ivan a' gàireachdainn.
“Càite an tèid sinn a-nis?” thuirt e
ri na brògan. “Nach tèid sinn suas
gu mullach an tùir àird ud.”



Leum am Prionnsa Ivan gu mullach an tùir.
Chunnaic e mòran dhaoine a' coimhead
suas far an robh e. “Nach seall sinn dhaibh
dè nì sinn,” thuirt am Prionnsa Ivan.
“Nach leum sinn chun an t-simileir ud.”

Ach sa mhionaid a
leum Ivan chun an
t-simileir, thàinig
sgòth mhòr de cheò
dhubh a-mach
às an t-similear.

Chan fhaiceadh am
Prionnsa Ivan far an
robh e a' dol agus
thuit e sìos a bhroinn
an t-simileir ...





... a-steach do phoit mhòir de dh'uisge fuar.





Dh'fheuch am Prionnsa Ivan ri faighinn a-mach,
ach sùil gun tug e chunnaic e fuamhaire!

“Ho! Ho!” ars am fuamhair.

“Dè th' agam an seo? Saoil a bheil e math ri ithe?”





“Stad! Na ith mi!” ars am Prionnsa Ivan.

“Siuthadaibh a bhrògan! Teicheadaid às an seo!”

Leum Ivan a-mach às a’ phoit agus air ais suas an simleair.

“Dhachaigh, a bhrògan, dhachaigh!” dh’èigh e.



Dìreach nuair a bha a' ghrian a' dol fodha leum
am Prionnsa Ivan thairis air balla a' chaisteil.

Thàinig e a-nuas ri taobh na bànrigh.

“Ivan! Càit an robh thu?” ars a' bhànrigh.

“Dh'iarr mi ort a bhith ciallach, ach seall do
choltas!





Fhalbh agus glan thu fhèin!”

Shuidh am Prionnsa Ivan an sin agus
chuir e dheth a bhrògan seunta.

“Tapadh leibh, a bhrògan seunta,” thuirt e,
“ach ’s fheàrr dhomh coiseachd air ais
dham rum.”